



Monad - Seònaid NicLachlainn

Prìomh Eòlasan agus Builean

'S urrainn dhomh bruidhinn mu carson a bha daoine agus tachartasan bho àm sònraichte a dh'fhalbh cudromach, gan cur ann an òrdugh eachdraidheil.

SOC 2-06a

'S urrainn dhomh bruidhinn mu na h-adhbharan a bha aig daoine a bha an sàs ann an tachartas cudromach san àm a dh'fhalbh agus 's urrainn dhomh measadh a' bhuidh a bha aca, aig an àm sin agus on uair sin.

SOC 3-06a

Leasan 2	Bhon Òban gu Glaschu
Eòlasan & Builean	<p>Tha mi ag ionnsachadh cànan agus stoidhle a chleachdadh ann an dòigh a tha tarraingeach agus/no aig am bi buaidh air an leughadair agam.</p> <p style="text-align: right;">GAI 2-27a</p> <p><i>'S urrainn dhomh fiosrachadh a thoirt seachad, cunntas a thoirt air tachartasan, pròiseasan a mhìneachadh no smuaintean a chur còmhla ann an diofar dhòighean.</i></p> <p style="text-align: right;">LIT 2-28a</p> <p>'S urrainn dhomh aire leughadairean a ghlacadh agus buaidh a thoirt orra tro mar a tha mi a' cleachdadh cànan, stoidhle agus an tòn a tha a' dol leis an genre.</p> <p style="text-align: right;">GAI 3-27a / GAI 4-27a</p> <p><i>'S urrainn dhomh fiosrachadh a thoirt seachad, cunntas a thoirt air tachartasan, pròiseasan no bun-bheachdan a mhìneachadh agus smuaintean a chur còmhla ann an diofar dhòighean.</i></p> <p style="text-align: right;">LIT 3-28a</p>
Goireasan	Cleachd Duilleagan PPT 4 gu 7
Èisteachd is Labhairt	Mar chlas – Aig deireadh gach duilleag PPT cleachd seo mar àite labhairt gus smaoinichadh air mar a bha Seònaid a' faireachdainn aig an àm.
Gnìomhan	<p>Sgrìobhadh – Cruthaich teacs – a' bruidhinn air faireachdainnean</p> <p>Roghainn - diofar ìrean de dhùbhlann do sgoilearan – Cleachd na gnìomhan a bhios freagarrach dhuibh.</p> <p>*Leabhar-latha – A' gluasad a Ghlaschu aig Seachd-deug Paragraf no dhà bho eòlas Seònaid. Ciamar a bha i a' faireachdainn - a' fàgail na dachaigh? Dè na prìomh rudan a thachair? Cuimhnich gur e seo sgrìobhadh Seònaid.</p>



	<p>**Saoil cò ris a bhiodh e coltach nam biodh Facebook no Instagram aig Seònaid? Cruthaich duilleag airson Seònaid a' tòiseachadh bho bhith na deugaire, a' gluasad a Ghlaschu, a' seinn agus a' pòsadh.</p> <p>*** Sgrìobh toiseach fèin-eachdraidh Seònaid. Cuir thu fhèin na brògan. Ciamar a thòisicheadh tu?</p> <p>Smaoinich air:</p> <ul style="list-style-type: none">-Nuair a thòisich i a' seinn-A' gluasad a Ghlaschu-Ag ionnsachadh seinn Opera-A' coinneachadh ri Raibeart-A' pòsadh
Briathrachas	<p>Comhairle (ainmear) – 1. stiùir a bheir thu do neach a thaobh na bu chòir dha a dhèanamh. 2. buidheann dhaoine air an suidheachadh gus gnìomh sònraichte a ghabhail os làimh, tric ùghdarras ionadail.</p> <p>Dualchas (ainmear) 1. rudan a th' air tighinn tro na ginealaichean, no rudan a tha gan gleidheadh, no a bu chòir a bhith air an gleidheadh, bhon a tha iad a' soilleireachadh rudan a thachair sam àm a dh'fhalbh. 2. feartan a gheibh thu bho do phàrantan no bho do shinnsirean.</p> <p>Spèis (ainmear) ma tha thu a' toirt spèis do neach tha thu dèidheil orra oir tha thu a' creidsinn gu bheil iad gasta: thug i spèis dha.</p>
Obair-leudachaidh	<p>Sgrìobh artaigil do phàipear-naidheachd ionadail mu dheidhinn pòsadh Seònaid agus Raibeart.</p> <p>Cuimhnich –</p> <ul style="list-style-type: none">Cò?Cuin?Càite?Dè thachair?Cò ris a bha èideadh Seònaid coltach?Dealbhan?